

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Each week the *West Highland Free Press* publishes the text for Roddy Maclean's
"Letter to Gaelic Learners" on *BBC Radio nan Gaidheal (103-105 FM)*.

The programme is broadcast at 11.50 every Friday morning,
and repeated at 7.30 pm the following Monday

Dè a' Ghàidhlig a th' air *blabberer*, neach a bhruidhneas cus agus 's dòcha gun mòran bhrìgh? Uill, tha diofar fhaclan ann a dh'fhaodadh tu cleachdadh. Nam measg, tha *clabair* neo *clabaire*. Chanadh tu mu dhuine gur e fìor chlabair a th' ann neo gu bheil e na chlabair. Neo gu bheil e ri *clabaireachd*.

Tha am facal *clabair* a' tighinn bhon fhacal *clab* a tha a' ciallachadh beul mòr fosgailte. Ma tha cuideigin, mar eisimpleir pàiste, a' bruidhinn riut gun sgur, dh'fhaodadh tu ràdh ris neo rithe - 'S ann ort a tha an *clab* – a' ciallachadh gu bheil e neo i a' bruidhinn cus. Agus a' cur dragh ort!

Agus bhon ainmear *clab*, tha sinn a' faighinn a' bhuidheair *clabach*. Ma tha cuideigin clabach, tha beul mòr aige, neo bilean mòra, neo tha e a' bruidhinn cus. Agus tha facal airson boireannach a bhruidhneas cus neo aig a bheil beul mòr – *clabag*.

Is tha facal neo dhà eile ann cuideachd airson daoine a bhios a' labhairt cus. Mar eisimpleir, *luath-bheulach* neo *luath-bheulach*. Luath leis a' bheul, mar gum biodh. Cluinnidh tu cuideachd *luath-bhileach*. Luath leis na bilean. Tha na faclan sin a' deanamh ciall, nach eil? Agus tha facal eile dhen t-seòrsa ann cuideachd – *luath-chainnteach*. Luath leis a' chainnt.

Gheibh sibh tòrr fhaclan mar sin ann am faclairan Gàidhlig, ach bu mhath leam leabhar a mholadh dhuibh a tha gu math feumail do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha e sgrìobhte ann an Gàidhlig air fad, ach tha eadar-theangachadh ann am Beurla a tha furasta gu leòr fhaighinn. Leis an fhìrinn innse, tha caochladh eadar-theangachaidhean ann, ann an seann Bheurla neo nua-Bheurla. Agus tha deagh theans ann gum bi fear agaibh anns an taigh mar tha.

Chaidh am fear Gàidhlig a sgrìobhadh o chionn fhada agus tha beartas-cànain ri lorg air na duilleagan aige. Agus dè an leabhar a tha mi a' ciallachadh? Uill, am fear as motha a th' air a reic air an t-saoghal gach bliadhna. Am Bìoball.

Tha leabhar anns a' Bhìoball ris an canar Gníomhara nan Abstol. Tha e anns an Tiomnadh Nuadh, an dèidh Leabhar Eòin. Ann an Caibideil a seachd-deug, tha an t-Abstol Pòl anns an Aithne, neo *Athens*, am measg nan Iudhach is nan Greugach. Tha e ri deasbaireachd leis na daoine sin mu dheidhinn creideamh. Mu dheidhinn Dhè is mu dheidhinn Iosa is gnothaichean dhen t-seòrsa.

Bha na daoine a bha ri deasbaireachd na aghaidh dhen bheachd gu robh Pòl a' labhairt cus, gu robh cus aige ri ràdh, agus nach sguireadh e a' labhairt. Agus dè am facal a th' air a chleachdadh anns a' Bhìoball airson sin? Uill, seo e - *bith-bhriathrach*. Bha na feallsanaich Ghreugach dhen bheachd gu robh Pòl bith-bhriathrach. Ma tha Bìoball Gàidhlig agaibh fhèin, gheibh sibh lorg air an fhacal ann an Earrann a h-ochd deug.

Chì sibh cho furasta 's a tha e faclan mar sin a chruthachadh ann an Gàidhlig. Tha *briathar* a' ciallachadh facal. Tha *briathran* a' ciallachadh faclan. Ma tha duine *briathrach*, tha gu leòr aige ri ràdh. Ma tha e bith-bhriathrach, cha sguir e bruidhinn!

Ma chì sibh *bith* ann am facal dà-fhillteach mar seo, tha e a' ciallachadh *ever* neo *always*. Bith-bhriathrach – *always talking*. Chan fhaod mis' a bhith bith-bhriathrach, ge-tà, co-dhiù air a' phrògram seo. Tha an ùine agam a' tighinn gu crìch. Ach fàgaidh mi sibh an t-seachdain-sa le ceist. Dè a' Ghàidhlig a chuireadh sibh air *perennial plant*, an fheadhainn nach bàsaich a h-uile bliadhna neo fiù 's a h-uile darna bliadhna? Innsidh mi dhuibh dè th' ann an ath sheachdain.

* * *

Faclan na seachdaine: cus: *too much*; clabair, clabaire: *blabberer*; clabaireachd: *blabber, babble*; luath-bheulach, luath-bhileach, luath-chainnteach: *talkative, gossipy*; nua-Bheurla: *modern English*; am Bìoball: *The Bible*; Gnìomhara nan Abstol: *The Acts of the Apostles*; an Tiomnadh Nuadh: *The New Testament*; Leabhar Eòin: *The Book of John (note that it is not Iain, but Eòin)*; caibideil: *chapter*; deasbaireachd: *disputation*; earrann: *verse*; briathar, briathran: *word, words*; briathrach: *talkative*; bith-bhriathrach: *interminably talkative*; dà-fhillteach: *made of two parts*.

Abairtean na seachdaine: gun mòran bhrìgh: *without much meaning, substance*; mar gum biodh: *as it were*; leis an fhirinn innse: *to tell the truth*; tha caochladh eadar-theangachaidhean ann: *there are various translations*; tha deagh theans ann gum bi fear agaibh: *there is a good chance you will have one*; tha beartas-cànain ri lorg air na duilleagan aige: *linguistic riches are to be found on its pages*; am fear as motha a th' air a reic: *the one of which the greatest number is sold*; am measg nan Iudhach is nan Greugach: *among the Jews and Greeks*; mu dheidhinn Dhè is mu dheidhinn Iosa: *about God (the genitive of Dia) and about Jesus*; bha na feallsanaich Ghreugach dhen bheachd gu robh Pòl bith-bhriathrach: *the Greek philosophers were of the opinion that Paul was a babbler (babblers is given as the English equivalent in many Bibles)*; a' tighinn gu crìch: *coming to an end*.

Puing ghràmair na seachdaine: bhon ainmear *clab*, tha sinn a' faighinn a' bhuadhair *clabach*: *from the noun clab, we get the adjective clabach. Can you discuss grammatical points in Gaelic, or do you have to revert to English? To improve your ability to discuss grammar in Gaelic, I would suggest you get hold of a copy of the all-Gaelic dictionary "Brìgh nam Facal" by Richard Cox (published by Roinn nan Cànan Ceilteach, Oilthigh Ghlaschu, 1991). As well as giving modern spellings, and explanations of meanings in Gaelic, it contains a list of grammatical terminology. Ainmear is a noun, gnìomhair a verb and buadhair an adjective. Tuiseal means case and ginideach is genitive. So instead of saying to your teacher "Is that word in the genitive case", why not try saying "A bheil am facal sin anns an tuiseal ghinideach?" How would you say "the genitive case is very important in Gaelic"? (I hope you realise that it is!)*

Gnàths-cainnt na seachdaine: 'S ann ort a tha an clab: *You are a real chatterbox (lit. it is on you that is the big open mouth)*.

* "*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig